

Measaidh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean (ICIA) airson Cùmhnant Fàs nan Eilean Geàrr-sheachas

RO-RADH

- 1.1 Tha Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean (ICIA) na iarrtas ag èirigh bho Achd nan Eilean (Alba) 2018. Tha Earrann 8 a' mìneachadh gu feum an Ùghdarras lomchaidh ICIA ullachadh ann an dàimh ri poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis, a tha ann am beachd an ùghdarrais, dualtach buaidh a thoirt air coimhearsnachd a bhiodh gu math eadar-dhealaichte ris a' bhuidhean a bhiodh air coimhearsnachdan eile (a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach eile) ann an sgìre far a bheil an ùghdarras a' coileanadh an dleastanasan.
- 1.2 Dh'fhaodar a ràdh nach e "poileasaidh, ro-innleachd, no seirbheis" a th' ann am Prògram Cùmhnant Fàs nan Eilean agus mar sin nach eil e a' tighinn fo dhleastanas ICIA. A dh'aindeoin sin, tha libhrigeadh prògram an Cùmhnant Fàs, agus na pròiseactan a tha na chois, comasach air diofar bhuaidhean a thoirt air feadh sgìrean ar n-eileanan. A thuilleadh air a seo, tha na trì ùghdarrasan ionadail a tha nan com-pàirtichean ann an Cùmhnant nan Eilean (Comhairle Eileanan Arcaibh, Comhairle Eileanan Shealtainn, agus Comhairle nan Eilean Siar) air ainmeachadh gu bheil iad airson stiùir a dhearbhadh le bhith a' gabhail ri ICIA, agus bho shealladh modh as fheàrr, bhiodh e iomchaidh ICIA a choileanadh airson Prògram Cùmhnant Fàs nan Eilean gu h-iomlan.
- 1.3 Tha an geàrr-chunntas an ICIA air aontachadh airson Cùmhnant Fàs nan Eilean anns a' phàipear seo. Tha seo a' leantainn an samhla bho Riaghaltas na h-Alba a chaidh a leasachadh a rèir innleachd ICIA. Tha seo a' comharrachadh grunnan àitean far am faodadh pròiseactan fa leth anns a' Chùmhnant Fàs beachdachadh air mar a ghabhadh meudachadh air buaidh thairis nam buidhnean eileanach. Tha e cuideachd a sònrachadh grunnan mholaidhean aig ìre a' Phrògraim.
- 1.4 Tha an ICIA cuideachd a comharrachadh mòran de na cunnartan mu choinneamh ùghdarrasan eileanach is iad a' strì ri libhrigeadh soirbheachail air Prògram Cùmhnant Fàs ri linn far a bheil ar n-eileanan suidhichte.
- 1.5 Chaidh beachdan a shireadh air an ICIA agus a' sgaoileadh gu Luchd-stiùiridh Phròiseactan, air an deach iarraidh cunntas a ghabhail air toraidhean agus molaidhean ann an leasachadh Cùis Gnothachais agus buileachadh pròiseict.

GEÀRR-CHUNNTAS AIR TORAIDHEAN

- 2.1 Tha 16 thagraidhean ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean a libhrigeas in-thasgadh de £50 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, agus dùil ri £235 millean bho luchd com-pàirt phròiseactan, an urra ri aonta deireannach air Cùisean Gnothachais làidir. Tha e a' gabhail a-steach trì tagraidhean co-eileanach le fòcas ùr-ghnàthas ann an raointean teicneolasan gualan ìosal, gnìomhachasan cruthachail agus soirbheachas, agus tàrladh sgilean agus tàlant. Bidh na pròiseactan ag obair anns na trì buidhnean eileanach agus a' libhrigeadh buannachdan thairis gach coimhearsnachd.
- 2.2 Mar thoradh air leudachd a' phrògraim, tha na buaidhean a-mhàin a bualadh air Arcaibh, Sealtainn agus Innse Gall. Mar sin, chan eil eadar-dhealachadh comais anns na h-eileanan an coimeas ri tìr-mòr na h-Alba. A dh'aindeoin sin, tha cunnart nach fhaicear na buannachdan thairis na coimhearsnachdan uile anns na h-eileanan (a thaobh àite, ùidh agus aois). 'S dòcha gu bheil

suidheachadh nan eilean a' cur bacadh air luchd-còmhnaidh bho chothrom air cosnaidhean, sgilean agus trèanadh, àite gnothachais, goireasan acadaimigeach, agus in-thasgaidhean agus builean eile a' faighinn taice tron Chùmhnant. Tha e cuideachd cudromach gu ruig na buannachdan ag èirigh bho bhun-ghluasad lùth, buil eile bhon Chùmhnant, gach pàirt de choimhearsnachdan ar n-eilean.

- 2.3 'S e an cunnart as motha gum bi fòcas buannachdan eacanomaigeach a' Chùmhnant Fàis ann an cuid de sgìrean ann am buidhnean nan eilean. Tha seo na dhùbhlan le gur e pròiseactan calpa a tha am mòran phròiseactan air an dearbhadh cheana agus ceangailte ri làrach sònraichte.
- 2.4 Tha cuid de phròiseactan agus prògraman anns a' Chùmhnant Fàis far a bheil barrachd leudachd a' cothromach seo. Tha grunnan dhiubh seo mar tha a' beachdachadh air leasachadh an Cùisean Gnothachais agus tha e na eileamaid ann an iarrtasan Cùisean Gnothachais gu beachdachadh air fàs in-ghabhail, co-ionannachd agus Dleastanas Alba nas Cothromaich.
- 2.5 Tha cothrom aig gach pròiseact no prògram ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean gu barrachd buaidh a thoirt air cuid de ar coimhearsnachdan eileanach a thuilleadh air feadhainn eile.
- 2.6 Bu chòir toirt fa-near gu bheil pròiseactan a' Cùmhnant Fàis air beachdachadh air fàs in-ghabhail, co-ionannachd agus measadh Alba nas Cothromaiche mar phàirt de leasachadh Cùis Gnothachais, a' ciallachadh gu bheil suim ga thoirt do leasachadh agus buileachadh a' Chùmhnant Fàis gu buidhnean le feartan fo dhìon, agus a dh'fhaodadh a bhith fulang chnapan-starra ann an dàimh ri com-pàirt a ghabhail ann am margaidh na h-obrach. Tha na gnìomhan seo air raointean a shònrachadh a tha co-cheangailte ri pròiseas ICIA (mar eisimpleir, dùbhlain le cothrom air cùram-chloinne so-ruigsinneach ann an cuid de sgìrean eileanach a' cur bacadh air com-pàirteachadh ann am magaidh na h-obrach, sgilean no cothroman trèanaidh).
- 2.7 Chaidh na pròiseactan an rangachadh mar a leanas:

1. Pròiseactan nach gabh an leasachadh no an lìbhrigeadh ann an dòigh eile, ach far am faodadh buannachd a bhith a thaobh solar no ionnsachadh (mar eisimpleir, air giullachd haidhreaidean no ullachadh taigheadas ùr-ghnàthach) a bhios a chum buannachd do gach pàirt de na h-eileanan. Tha na leanas mar phròiseactan mòr, calpa, fa leth a tha sònraichte a thaobh làrach agus suidhichte dlùth do na bailtean as motha anns na 3 buidhnean eileanan:

- So-mhaoin Ro-innleachdach Scapa Flow, dlùth do Bhaile na h-Eaglaise;
- Ionad Lùth Innse Gall, ann an Steòrnabhagh;
- Port Uisge Fìor Dhomhainn Dales Voe, dlùth do Lerwick;
- Ath-leasachadh Knab, ann an Lerwick; agus
- Làrach Rannsachaidh is Ùr-ghnàthas Arcaibh, Stromness.

2. Pròiseactan le buaidh air na sgìrean as iomallaich nar n-eileanan le in-thasgadh dìreach ann am bun-structar, a' stèidheachadh obraichean agus cothroman eacanomaigeach anns na sgìrean sin:

- Port-fànas 1, Uibhist a Tuath;
- Prògram Biadh is Deoch Innse Gall, Eirisgeigh, Na Hearadh agus Uibhist a Deas anns a' chiad àite;
- Leasachadh Cinn-uidhe Innse Gall, Uibhist a Tuath, Na Hearadh agus air tuath Leòdhais, (Calanais agus Ùig); agus
- Shell-Volution, le fòcas Rannsachadh is Leasachadh ach le buannachd do làraich giullachd fheusgain air feadh Shealtainn. Le comas gun dèidhean an ionnsachadh a sgaoileadh gu Innse Gall.

3. Pròiseactan far a bheil cothrom beachdachadh air slighean taobh-staigh leasachadh agus buileachadh gu meudachadh air buaidh thar gach pàirt de ar coimhearsnachdan:

- Slighe-gnothachais Dualchas na Cruinne an Arcaibh;

- Prògram Eileanan TalEntEd;
- Làrach Rannsachaidh agus Ùr-ghnàthas Arcaibh;
- Làrach Ath-leasachaidh Shealtainn;
- Làrach Ath-leasachaidh Innse Gall;
- Soirbheas Eileanan Cruthachail;
- Tuathanas Dìreach Coimhearsnachd Arcaibh;
- Pròiseact Lùth Glan Shealtainn;
- Ionad nan Eilean airson Gualan Neoni (Arcaibh); agus
- Ionad nan Eilean airson Gualan Neoni (Innse Gall).

MOLAIIDHEAN

- 3.1 Tha Geàrr-chunntas air na molaidhean ag èirigh bho phròiseas an ICIA anns an earrann seo.

Molaidhean aig Ìre Phrògraim

- 3.2 Ann a bhith a’ sgrùdadh agus a’ measadh Cùmhnant Fàs nan Eilean (mar a tha mìnichte ann am Plana Coileanaidh Bhuannachdan) bu chòir gabhail a-steach cùisean suidheachail còmhla ri cùisean mar aois agus gnè (se sin; suidheachadh na h-obrach air a stèidheachadh, far a bheil oileanaich, cò a gheibh buannachd, gnothachasan a tha a’ faighinn buannachd bho thaic, msaa.) gu sgrùdadh agus dearbhadh nach eil fòcas gnìomh agus buannachdan anns na ceàrnaidh far a bheil mòr-shluagh anns na trì buidhnean eileanan.
- 3.3 Ged a tha e mìnichte anns a’ Phlana Conaltraidh, bu chòir Gàidhlig a bhith daingnichte ann am Prògram Cùmhnant Fàs nan Eilean agus bu chòir obair phròiseict / luchd-tabhartais ann an Innse Gall slighe dà-chànanach a ghabhail far a bheil seo comasach.
- 3.4 Bu chòir Bòrd a’ Phrògraim beachdachadh air mar a ghabhas ionnsachadh agus deagh chleachdaidhean a fhuairleadh tron Cùmhnant an cuir an gnìomh ann an sgìrean, roinnean agus suidheachaidhean eile anns na h-eileanan.
- 3.5 Na b’ e is gun toireadh in-thasgadh Cùmhnant nan Eilean buaidh air dealbhadh sheirbheis, agus a bhith fo stiùir ùghdarras iomchaidh, dh’fhaodadh gum biodh feum air pròiseactan fa leth ICIA sònraichte do phròiseact a ghabhail òs làimh san àm ri teachd.

Molaidhean Ìre Phròiseict

- 3.6 Bu chòir Libhrigeadh Phròiseict (a thaobh cuid de phròiseactan a’ Cùmhnant Fàis) cunntas a ghabhail air na dùbhlain a thaobh cumadh-tìre agus so-ruigsinneachd gus am bi buaidh air a mheudachadh. Chaidh feadhainn de na molaidhean an sònrachadh le Ceannardan Phròiseactan an uair a tha iad a’ beachdachadh air co-ionannachd agus fàs in-ghabhail tro bhith a’ leasachadh Cùisean Gnothachais. Thèid tuilleadh co-chomhairleachadh a dhèanamh orra seo le Ceannardan Phròiseactan far am bithear ag iarraidh orra beachdachadh air na molaidhean sin ann an dàimh ri leasachadh agus libhrigeadh phròiseactan.

ICNZ (Arcaibh), ICNZ (Innse Gall), IZNZ (Pròiseact Lùth Glan Shealtainn)

- 3.7 Bu chòir luchd-compàirt ann an ICNZ beachdachadh air mar a dh’fhaodadh ICNZ buaidh a thoirt air bochdainn connaidh anns gach pàirt de ar n-eileanan, agus bu chòir cudrom a chur air dearbhadh nach tèid gin de ar coimhearsnachdan fhàgail air chùl ri linn bun-ghluasad lùth agus na buannachdan na chois.
- 3.8 Bu chòir suim a thoirt do na h-eileanan agus coimhearsnachdan as iomallaich a thaobh fòcas air gnìomh rannsachaidh agus deuchainnean air slighean ùr mar phàirt de bhun-ghluasad lùth, agus in-thasgadh ann am pròiseactan calpa di-ghualanachaidh.

Eileanan Tàlantach (Maoin Bhliadhnail)

- 3.9 Bidh e cudromach dearbhadh nach eil cus fòcas aig libhrigeadh phrògraim anns na prìomh bhailtean le mòr shluagh. Bu chòir luchd-stiùiridh Pasganan Obraich (UHI, RGU and HWU) beachdachadh air slighean libhrigidh sùbailte gu faighinn thairis air bacaidhean cumadh-tìre, cosgaisean siubhail agus astar, agus gnothaichean cùram-chloinne, a dh'fhaodadh a bhith nan cnapan-starra gu bhith a' gabhail pàirt anns an roinnean sgilean, trèanaidh, feachd-obrach agus tagraidhean leasachadh gnothachais air am buileachadh tro *Tàlantach*. Tha grunnan de na cùisean sin air nochdadh cheana tro mheasadh buaidh co-ionannachd a' Phrògram Tàlantach.

Tuathanas Dìreach Coimhearsnachd Arcaibh

- 3.10 Tha cothrom ann ionnsachadh bho Thuathanas Dhìreach Arcaibh a bhith air a sgaoileadh gu na trì buidhnean eileanach agus air an greimeachadh le iomairtean fàs bho stiùir choimhearsnachdan, agus togail air sùbailteachd ann an solar bidhe ionadail, thairis nan eilean.

Soirbheas Eileanan Cruthachail (Maoin Calpa & Bhliadhnail)

- 3.11 Tha na pròiseactan calpa a' gabhail brath air cothroman far eil iad a' nochdadh. Mar eisimpleir, Seann Oifis a' Phuist ann an Arcaibh. Bu chòir beachdachadh air feum èifeachdach a dhèanamh de na so-maoin gnàthaichte ann an coimhearsnachdan iomallach agus air an oir ann a bhith a libhrigeadh a' phrògraim bhliadhnail agus na gnìomhan na chois. Ann an dàimh ri seo, dh'fhaodadh cothroman a bhith ann co-cheangal a dhèanamh le luchd com-pàirt acadaimigeach is eile anns a' Chùmhnant.
- 3.12 Coltach ris a' Phrògram Tàlantach, bidh e cudromach dearbhadh nach eil cus fòcas a thaobh libhrigeadh phrògraim (agus do bhrìgh sin na buannachdan) air àitean le mòr-shluagh. Bu chòir do Cheannardan Phròiseactan beachdachadh air slighean libhrigidh sùbailte gu faighinn thairis air bacaidhean cumadh-tìre, cosgaisean agus astar siubhail, agus cùram-chloinne, a dh'fhaodadh a bhith nan cnapan-starra gu bhith a' gabhail pàirt anns an roinnean sgilean, trèanaidh, feachd-obrach agus tagraidhean leasachadh gnothachais air am buileachadh tro *Tàlantach*. Tha grunnan de na cùisean sin air nochdadh cheana tro mheasadh buaidh co-ionannachd Soirbheas Eileanan Cruthachail.

Slighe Dualchas Cruinne Arcaibh

- 3.13 Thatar a' toirt air adhart cothroman siubhail gnìomhach a chum buannachd luchd-còmhnaidh nan eilean cuide ri luchd-turais agus thàinig sin am bàrr tro cho-chomhairleachadh coimhearsnachd. Bu chòir seo a mheasadh This should be measured in the monitoring and evaluation of active travel supported through the investment.
- 3.14 Aig cridhe prògram WHG tha miann lùghdachadh air dùmhlachd obair luchd-turais aig cuid de phrìomh làraich ann an Arcaibh, a' sgaoileadh na buannachdan gu làraich airceòlais eile agus a' dearbhadh gu bheil gnothachas turasachd bhon àireamh mhòr de luchd-turais a cruinneachadh timcheall Skara Brae agus Tursachan Brodgar na bhuannachd do gach pàirt de na h-eileanan. Bu chòir beachdachadh air mar a ghabhas taic a thoirt a bhith an lùib iarrtasan leasachaidh air rianachd luchd-turais agus rianachd bhusaichean.

Ath-leasachadh Àrainn Shealtainn agus Innse Gall

- 3.15 Tha na tairgsean mar thà a nochdadh feum air cothroman ionnsachaidh a thoirt gu coimhearsnachdan tro aonadan ionnsachaidh subailte agus so-ghluasadach a ghabhas an cleachdadh air feadh nan eilean. Bu chòir tomhais a dhèanamh air an ìre gu bheil buannachd in-thasgaidh anns na prìomh ionadan ionnsachaidh ann an Steòrnabhagh agus Lerwick a' toirt buaidh air feadh nan eilean tro sgrùdadh agus measadh.

AONTA AGUS FOILLSEACHADH

- 4.1 Dh'aontaich Co-chomataidh Cùmhnant Fàs nan Eilean an ICIA aig coinneamh air 22 Ògmhios 2022

4.2 Tha làn iris den ICIA ri fhaotainn le fios a chur gu amurray@cne-siar.gov.uk